

Litearrachd Thar-churraicealam – Mairi NicIlleMhaoil

Bhruidhinn Mairi air a' churraicealam airson sàr-mhathais agus thog i na puingean a leanas:

- Work frame = Leughadh, sgrìobhadh, èisteachd & labhairt
- Tha na ceithir sgilean cudromach ach tha cuideam às ùr ga chur air èisteachd agus labhairt.
- Teacs – tha teacsaichean thraidiseanta, sgrìobhte fhathast cudromach ach tha feum air coimhead air seòrsaichean eile cuideachd air a bheil clann eòlach, me duilleagan làraich-lìn. Mineachadh teacsa – rud sam bith a tha a' toirt seachad teachdaireachd agus mar sin tha e a' gabhail a-steach drama, amhrain, fuaim, msaa
- Critical literacy – persuasion & bias – bhruidhinn Mairi air an seo agus mar a thathas a' coimhead ris an seo ann an Curraicealam airson Sàr-mhathais ach am bi comas aig clann tuigse gu bheil rud sam bith ann an teacsa a' toirt seachad beachd an t-ùghdar agus gum feum iad ionnsachadh dè an earbs bu choir a bhith aca anns na teacsaichean.
- Bidh curraicealam airson sàr-mhathais sa Ghàidhlig deiseil anns a' Ghearran 2010
- Tha diofar phàirtean air làrach-lìn Glow, uile co-cheangailte ri Curraicealam airson sàr-mhathais
- Dh'iarr i an uairsin air na buidhnean bruidhinn air dè an ìre aig an robh na sgoiltean aca ann a bhith a' coileanadh litearrachd ann an Gàidhlig.

Thug i an dà phìos fiosrachaidh seo seachad agus dh'iarr i air na buidhnean bruidhinn orra:

1. Learners have a choice in their selection of texts for reading, writing, listening and talking and give reasons for making these choices
2. Learners have many opportunities to engage in discussion of appropriate complexity and they know how to engage in pair and group discussions.

Rinn iad an uairsin Glow Meet le bun-sgoil san lochdar. Mhinich an tidsear san lochdar mar a bha a' chlann air obrachadh air pròiseact le dà sgoile eile tro Glow Meet. Bha sgoil an lochdar air coimhead ri cultar, rinn sgoil Dhalabroig eachdraidh agus rinn Baile a' Mhanaich an àrainneachd. Rannsaich iad uile diofar chuspairean, agus choinnich iad air Glow Meet, rud a ghabh a-steach còmhradh agus sgrìobhadh. Bhruidhinn iad ri daoine anns a' choimhearsnachd agus cheangal iad an obair air fad ris na ceithir 'capacities'.

